

Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail air Cìsean 2010-15

An Co-dhùnadh Deireannach: prìomh theachdaireachdan

A' dèanamh cinnteach à luach an airgid do luchd-ceannach

- Tha an co-dhùnadh deireannach seo air cuibhreachadh chìsean a' dèanamh cinnteach gum faigh luchd-ceannach luach an cuid airgid. Tha e a' cur dùbhlann mu choinneamh Uisge na h-Alba barrachd leasachaidh a thoirt air èifeachdas, agus na h-amasan uile aig Riaghaltas na h-Alba a thaobh cìsean agus in-sheilbh ath-sgrùdaichte a liubhairt.
- Thar na còig bliadhna eadar 2010-15 èiridh cìsean 5% fo ìre na h-atmhorachd.
 - Thèid casg a chur air àrdachadh chìsean do theaghlaichean sa chiad bhliadhna, agus ann an 2011-12 cuideachd, a rèir ìre na h-atmhorachd. Meudaichidh cìsean theaghlaichean aig ìre nas lugha na an atmhorachd eadar 2012 agus 2015.
 - Bidh àrdachadh ann an cìsean do ghnòthachasan agus do bhuidhnean poblach (ach luchd-cleachdaidh sheirbheisean sruthaidh malairt a-mhàin) air an casg ann an 2010-11 cuideachd, agus leanaidh iad an aon gheàrr-thuairisgeul às dèidh sin ri teaghlaichean.
 - Dh'fhaodadh gum bi comas aig mòran de na ghnòthachasan agus na buidhnean poblach barganachadh airson cùmhnant nas fheàrr fo fhrèam farpais nam marsantach, no an cunntasan a lùghdachadh le bhith a' cuideachadh Uisge na h-Alba gus a chosgaisean ìsleachadh.
- Bu chòir gun tig feabhas air seirbheisean do luchd-ceannach gus am bi iad co-ionnan ri no nas fheàrr na na seirbheisean a tha air an solar san latha a th' ann leis na companaidhean as àirde cliù ann an Sasainn agus sa Chuimrigh.
- Is coltach gum mair Uisge na h-Alba ann an suidheachadh ionmhais làidir thar nan còig bliadhna a tha romhainn – 's e comharra math a th' ann an seo a thaobh cìsean san àm ri teachd. Cha bhiodh buaidh aig atharrachaidhean sam bith ann an rian ionmhasail Uisge na h-Alba air cìsean.
- Bidh deuchainnean mheidheadairean taighe ann, a' gabhail a-steach cleachdadh air diofar sheòrsaichean taraifean, a dh'fhaodas smachd a thoirt do theaghlaichean air meud an cunntasan agus buaidh a thoirt air ìre an sgaoilidhean gualain.

Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail air Cìsean 2010-15

An Co-dhùnadh Deireannach: prìomh theachdaireachdan

A' cruthachadh gnìomhachas uisge nas uaine

- Tha taic ionmhais aig Uisge na h-Alba gus £2.5 billean a liubhairt ann an cumail suas na so-mhaoinean aige, agus a' toirt feabhas air coileanadh a thaobh àrainneachd agus slàinte a' phobaill. Bidh sinn a' cumail sùil gheur air liubhairt nam builean uile a chaidh aontachadh.
 - Gu h-àraid, tha sinn ag iarraidh air Uisge na h-Alba aoidionachd a lùghdachadh gu ìre trian aig a' char as lugha, ro 2014.
 - Tha sinn a' dùileachadh gun rannsaich Uisge na h-Alba an tomhas de dh'uisge às an adhar agus uisge talmhainn a tha a' faighinn a-steach don t-siostam òtrachais. Bu chòir do seo lùghdachadh a thoirt air buaidh uisge ana-throm agus air tuileachadh.
- Tha goireasan aig Uisge na h-Alba a-nis airson:
 - drèanadh Ghlaschu a leasachadh (stèidhte air fianais bho sgrùdaidhean a tha a' dol air adhart san àm seo);
 - airgead a thasgadh ann an cumhachd ath-nuadhachail;
 - obair còmhla ri uachdarain fearainn gus àitean tionail uisge a làimhseachadh ann an dòigh nas seasmaiche; agus
 - taic a chur ri luchd-leasachaidh togalaich is talmhainn ann a bhith a' cur an gnìomh gnàth-chleachdaidhean nas seasmaiche.
- Tha brosnachadh nas motha ann do dh'Uisge na h-Alba, agus do na marsantaich ùghdarraichte agus an luchd-ceannach, fuasglaidhean nas seasmaiche a leasachadh. Mar eisimpleir:
 - gus àrd-iarrtais air solar uisge òil a lasachadh le bhith ga stòradh aig fàrdach neach-ceannach; agus
 - uisge caithte a thoirt air ais agus ath-chuartachadh seach a bhith a' leigeil leis drèanadh air falbh don t-sàibhear.
- Tha farpais air buannachdan àrainneachdail adhbhrachadh. Faodaidh luchd-ceannach neo-thaigheadais an làrach truailidh agus am buaidh àrainneachdail a lùghdachadh a-nis, le bhith ag iarraidh seirbheis nas freagarraiche agus a' faotainn buannachd às a' cheangal eadar sgaoilidhean gualain agus am feum a chuireas iad air uisge.